



Tìotal: Prìobhaideachd

Pàirt 2: Prìobhaideach agus Riaghailt nan drathaisean (PANTS)

Ìre: A' CHIAD

Ceanglan CFE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi ag ionnsachadh dè as urrainn dhomh a dhèanamh gus coimhead às dèidh mo bhodhaig agus cò as urrainn mo chuideachadh. HWB1-48a</p> <p>Tha mi ag ionnsachadh mu spèis dom bhodhaig agus mu dhol-a-mach a tha ceart agus ceàrr. Tha fios agam cò ris a bhruidhneas mi ma bhios dragh orm mu seo. HWB 1-49a</p> <p>Tha mi mothachail gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 1-45b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Air chomas innse mu fheum airson prìobhaideachd, iad fhèin agus daoine eile. Air chomas bruidhinn air an dòigh cheart air dèiligeadh ri dol-mach mì-fhreagarrach, mar eisimpleir, a' cleachdadh modail nan 3 ceumannan: can nach eil thu airson rud, gluais air falbh, bruidhinn ri cuideigin sa bheil earbsa agad. Air chomas innse cò ris a bhruidhneas iad ma tha dragh no iomagain orra.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann bun-bheachd fèin-riaghladh na bodhaig – gur ann *leothasan* a tha am bodhaig.
- Gun ionnsaich clann gu bheil pàirtean dem bodhaig prìobhaideach.
- Gun ionnsaich clann gu bheil còir aig clann/daoine eile air prìobhaideachd.
- Gun ionnsaich clann dòighean air taic a shireadh.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh innse gu bheil pàirtean dem bhodhaig prìobhaideach agus gu bheil seo fìor do dhaoine eile cuideachd.
- 'S urrainn dhomh innse gur ann leamsa a tha mo bhodhaig.
- 'S urrainn dhomh innse cò thuige a rachainn nam biodh ceist agam no iomagain orm.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- 'S ann leamsa tha mo bhodhaig/My body belongs to me, film (4 mion. 16 diogan) <https://youtu.be/a-5mdt9YN6I>
- NCPCC Let's Talk Pants film agus fiosrachadh an seo: <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/>
- Pàipear, pinn agus siosaran airson drathaisean a dhèanamh.

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NOT: Tha goireas an NSPCC *Let's Talk Pants* gu math soirbheachail ann a bhith a' teagasg clann mu phrìobhaideachd, pàirtean prìobhaideach agus mu bhith a' sireadh taic bho cuideigin anns a bheil earbsa aca ma tha dragh orra. Tha an t-òran a' còrdadh gu mòr ri clann. Dèanaibh deiseil airson èisteachd ris agus

a chluinntinn ga sheinn air ais le dìorras. 'S dòcha gum bi cuid den chloinn air cluinntinn mu riaghailt nan drathais (PANTS) agus air òran a' Phantosaurus fhaicinn no a chluinntinn – tha sin ceart gu leòr, brosnachaidh iad gus càch a chuideachadh ga ionnsachadh. Tha e na phrìomh amas sa ghoireas seo cur an cuimhne na cloinne bruidhinn ri inbheach sa bheil earbsa aca ma tha dragh no iomagain orra. Tha fios gum bi sibh airson clann a bhrosnachadh gus bruidhinn ri pàrant no neach-cùraim, ach tha e cuideachd cudromach am brosnachadh gus smaoineachadh air inbhich eile anns a bheil earbsa aca, thu fhèin nam measg. Tha an stiùireadh seo mu bhith a' sireadh cuideachadh bho inbheach anns a bheil earbsa aca air a chòmhdach cuideachd ann an obair eile sa Chiad Ìre agus san Dàrna Ìre. Tha tuilleadh obair air an làrach aig an NSPCC (PANTS) airson a bhith ag obair còmhla ri clann aig a bheil feumalachdan sònraichte, autism no a tha bodhar – ceanglaichean gu h-ìosal.

Obair

1. Theirig thairis air na tha a' chlann air a bhith a' bruidhinn air thuige seo - mu na bodhaigean aca, rudan a tha gan dèanamh sònraichte agus gun shamhail, rudan a tha a' còrdadh riutha mu choltas am bodhaigean agus na nì iad, gur ann leothasan a tha na bodhaigean aca. Inns dhaibh gum bi sibh a' bruidhinn an-diugh air nas urrainn do gach pàiste a dhèanamh airson a bhith sàbhailte.

2. Seall an slaighd: **Dè tha prìobhaideach a' ciallachadh? Nuair tha rud prìobhaideach 's ann leatsa a tha e.**

'S dòcha gum bruidhinn pàiste air na "pàirtean prìobhaideach" aca. Gabh ris an seo le bhith ag aontachadh riutha no inns dhan chloinn gu bheil pàirtean dem bodhaigean ann a tha prìobhaideach. *Cleachd an ath 2 slaighd:*

'S e na pàirtean prìobhaideach agad na pàirtean nach fhaic daoine. Tha na pàirtean prìobhaideach agad air an còmhach leis an drathais agad. Do bhalach 's e na pàirtean prìobhaideach agad do bhod agus do mhagairlean agus do thòin. Do nighean 's e na pàirtean prìobhaideach agad do phit agus do thòin.

(Stad gus faicinn gu bheil cuimhne aig a' chloinn air na faclan seo bho na rinn iad roimhe – ma tha e cuideachail, faighnich dhaibh dè na faclan eile a bhios iad a' cleachdadh agus cuir nan cuimhne gu bheil e ceart gu leòr na faclan sin innse dhut, an uair sin can a-rithist, 'S e na faclan a bhios sinn a' cleachdadh san sgoil...) San ath 2 shlaighd bidh sinn a' mìneachadh gum faod amannan a bhith ann nuair a dh'fheumas inbheach coimhead air pàirtean prìobhaideach pàiste no an cuideachadh leotha.

'S dòcha gum bi aig do pharant no neach-cùraim ri faighneachd dhut mu, no coimhead air, na pàirtean prìobhaideach agad, airson do chuideachadh gan cumail glan no mura h-eil thu gu math. Nuair a tha thu còmhla ri pàrant no neach-cùraim, 's dòcha gun iarr dotair no nurs coimhead air na pàirtean prìobhaideach agad. Cha bu chòir do neach sam bith eile iarraidh na pàirtean prìobhaideach agadsa fhaicinn no a shuathadh.

3. **'S ann leamsa tha mo bhodhaig:** Dèan cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn agus faic a bheil ceistean aca. Inns gu bheil film goirid agad dhaibh, mu bhalach a dh'fheumas innse gun do shuath cuideigin anns na pàirtean prìobhaideach aige. Coimheadaibh air *My body belongs to me* (4 mion. 16 diogan.) 'S dòcha gum bi sibh airson stad aig 2 mhion. 10 diogan aig deireadh na sgeòil no leantainn oirbh chun an deiridh agus èisteachd ri daingneachadh nam prìomh phuinean, faic dè tha freagarrach dhan choinn, ach bi cinnteach gun coimhead sibh fhèin air an fhilm an toiseach, mus fhaic a' chlann e. <https://youtu.be/a-5mdt9YN6I>
4. Às dèidh dhuibh am film a choimhead daingnich dhan chloinn gun do rinn am balach an rud ceart le bhith a' bruidhinn ri phàrantan. Bha e cuideachd math gun robh cuimhn' aige gum faod e bruidhinn ris an tidsear aige ma tha iomagain air. Stad, cuir an cuimhne na cloinne gum faod inbhich a bhith trang aig amannan agus gur dòcha nach bi iad ag èisteachd ceart. An urrainn dhan chloinn smaoinichadh air neach eile ris am bruidhneadh iad? Crìochnaich le bhith a' cur nan cuimhne a-rithist gu bheil sibhse ann dhaibh cuideachd ma tha iad airson bruidhinn air rud sam bith.
5. **P.A.N.T.S:** Mìnich dhan chloinn gu bheil iad gus ionnsachadh mar a chleachdas iad am facal PANTS airson iad fhèin a chumail sàbhailte. Cleachd am bòrd-geal airson gach litir anns an acrostaig PANTS a mhìneachadh.

P – Prìobhaideach – tha pàirtean ded bhodhaig prìobhaideach

A - Agadsa tha cead air do bhodhaig fhèin

N - Na dèan càil nach toigh leat

T - Theirig gu inbheach earbsach

S - 'S ann leatsa tha do bhodhaig

6. Gheibh sibh cartùn den acrostaig an seo <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/>.
7. **AN DRATHAIS agamsa!** Iarr air a' chloinn an drathais aca fhèin a dhealbh, faodaidh iad am pàtran aca fhèin a thaghadh. Dèan fhèin dealbh loidhne airson sealltainn dhaibh dè dh'fhaodadh iadsan a dhèanamh. Can riutha gu bheil aca ris an dealbh aca fhèin a dhèanamh 's gun gearr sibh a-mach iad agus gun dèan sibh taisbeanadh de dhrathaisean. Nuair tha iad deiseil, till a' chlann còmhla mar bhuidheann airson na dealbhan aca a shealltainn dha chèile. An do chleachd neach sam bith eile PANTS? Theirig thairis air an acrostaig PANTS a-rithist.
8. **Òran Pantosaurus:** Inns dhan chloinn gu bheil òran agad dhaibh a chuireas nan cuimhne mu bhith sàbhailte. Seall Pantosaurus dhaibh agus coimheadaibh an t-òran còmhla, broснаich iad gus a bhith a' seinn agus a' dannsa <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/> (N.B. 'S dòcha gun cordadh e ris a' chloinn a choimhead barrachd 's aon turas!)

Beachdan eile

- Tha tuilleadh fiosrachaidh agus goireasan-taic air an làrach-lìn *Let's Talk PANTS* aig an NSPCC, a bheir cuideachadh dhuibh ann a bhith a' cleachdadh dòigh-obrach PANTS.
- Seinnibh an t-òran gach latha airson airon seachdain no dhà, 's dòcha aig deireadh an latha.
- Bhidio BSL bhon NSPCC mu bhith a' cumail clann sàbhailte : <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/>
- Tha stiùireadh do chlann le duilgheadasan ionnsachaidh agus do chlann le autism an seo. Rachaibh gu 'Guides for Children' <https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/underwear-rule/>
- Tha an leabhar le Jill Starishevsky air a bheil *My body belongs to me* stèidhichte ri fhaighinn airson leabharlannan sgoile no clas. Do chlann eadar 3 agus 10 bliadhna a dh'aois, tha e ag innse mu bhalach a dh'inns dha phàrantan gun do shuath caraid dha phàrantan sna pàirtean prìobhaideach aige. Chan eil ach beagan teacsa san leabhar, le rannan agus dealbhan.

Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim air a mholadh sa chuspair **'S ann leamsa a tha mo bhodhaig**

Às dèidh dhaibh na dealbhan (PANTS) aca a thaisbeanadh sa chlas airson latha no dhà, faodaidh iad an toirt dhachaigh.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- 'S ann leamsa a tha mo bhodhaig

- **Notaichean Tidseir**

